

Naidheachdan an Latha



An t-Àm airson nan Naidheachdan - Freagairtean

Pasgan-obrach do dh'fhileantaich AS 1-3
Le Gillebrìde Mac 'ille Mhaoil
Dealbhan le Vicki Gausden



Earrannan Èisteachd

Earrann 1 (Eacarsaich 2a agus 2b)

Feasgar math! Seo na naidheachdan aig meadhan latha le Dòmhnall MacAoidh.

Tha Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte, Barack Obama, agus a bhean, air chuairt san Roinn Eòrpa an-dràsta. Tha iad an-diugh ann am Paris far an coinnich Maighstir Obama ri Ceann-suidhe na Frainge agus a bhean. Thig iad a Lunnainn a-màireach far an coinnich Maighstir Obama ris a' bhanrigh aig Lùchairt Bhuckingham agus ris a' Phrìomhaire aig Sràid Downing. Am measg rudan eile, tha e coltach gum bi an cogadh ann an Afghanistan agus ceannarcas air a' chlàr-ghnothaich.

Chaochail fichead duine agus chaidh mòran eile a leòn nuair a chaidh trèana far nan rèilichean faisg air an Ròimh san Eadailt. Tha e coltach gun do bhuail an trèana ann an càr a bha air an loidhne. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun sgeulachd seo nas fhaide air adhart air an latha.


Thòisich Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann an-diugh agus tha e coltach gun tadhail barrachd is millean neach air a' bhaile san Lùnastal. Am measg nan tachartasan, bidh ceòl, dannsa, dràma agus bàrdachd às gach ceàrn dhen t-saoghal ri fhaicinn.

Chaidh corp fireannaich a lorg air an t-sràid air taobh deas Ghlaschu aig dà uair sa mhadainn an-diugh. Bha e air a leòn mu cheann. Tha na poilis amharasach mun chùis agus tha iad a' sireadh fiosrachadh bho dhuine sam bith a bha ann an Langside aig an àm.

Thèid Geamaichean an Eilein Sgitheanaich a chumail ann am Port Rìgh an-diugh agus tha e coltach gu bheil Còmhlan Pìoba an Eilein a' cluich ann an Ceàrnag Shomhairle an-dràsta fhèin. Tha comataidh nan Geamaichean an dòchas nach cuir an droch shìde a tha air a bhith ann bho chionn ghoirid maill air luchd-tadhail.

Agus gu naidheachdan Spòrs a-nise. Tha Rangers a' siubhal dhan Spàinn an-diugh airson Barcelona a chluich ann an Lìg na Roinn Eòrpa. Tha e coltach gu bheil ceud mìle de luchd-leantail Rangers gu bhith anns a' bhaile a-nochd agus tha poilis na Spàinne air rabhadh cruaidh a thoirt seachad mu ar-a-mach sam bith a bhios ann eadar luchd-leantail Rangers agus luchd-leantail Bharcelona.

Sùil bheag air an t-sìde a-nise. Bidh e soilleir, grianach air a' chost an ear ach sgòthach, frasach air an taobh siar. Tha dùil ri uisge air feadh na dùthcha a-màireach. Bidh mise air ais aig uair le tuilleadh naidheachdan. Bhuamsa an-dràsta, feasgar math!



Earrann 2 (Eacarsaich 5a) An t-Agallamh

Neach-naidheachd: Madainn mhath. Dè an obair a tha agad?

Seumas: Bidh mise a' libhrigeadh prògram nan naidheachdan air Rèidio na Gàidhlig a h-uile latha. Bidh am prògram a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh seachd agus bidh e a' dol gu deich uairean.

Neach-naidheachd: 'S e prògram gu math fada a tha ann. Tha fhios gum bi thu gu math sgìth aig deich uairean.

Seumas: Bithidh gu dearbh. Bidh mi air mo chlaoidh! Ged nach eil am prògram a' tòiseachadh gu leth-uair an dèidh seachd, feumaidh mi a bhith anns an t-seòmar-naidheachd aig còig uairean. Mar sin, feumaidh mi èirigh aig ceithir uairean sa mhadainn. Tha sin fada ro thràth dhòmhsa! Cha do dh'fhàs mi riamh cleachdte ris.

Neach-naidheachd: Dè an rud as fheàrr leatsa mun obair agad?

Seumas: Is toigh leam a bhith a' bruidhinn ri daoine, agus tha ùidh mhòr agam fhìn anns na naidheachdan co-dhiù. Tha e a' còrdadh rium a bhith a' bruidhinn air an rèidio, ged a tha e gu math eagalach aig amannan.

Neach-naidheachd: Dè bhios a' cur an eagal ort?

Seumas: Tha e neònach uaireannan a bhith a' smaoinichadh air dè tha daoine a' dèanamh fhad 's a tha mise a' bruidhinn riutha air an rèidio!

Neach-naidheachd: Bidh daoine ag èisteachd riut nuair a tha iad ag ithe braicist. An e sin a tha a' cur dragh ort?

Seumas: Uill, 's e, gu ìre! Agus nuair a bhios iad a' dràibheadh a dh'obair, a' ruith no a' sgioblachadh an taighe. Tha sin caran annasach dhomh. Tha mi còmhla riutha ge b' e dè tha iad a' dèanamh.

Neach-naidheachd: Dè an rud as miosa mun obair agad?

Seumas: Feumaidh mi aideachadh gu bheil e fhathast a' cur dragh orm a bhith ag èirigh tràth. Feumaidh tu a dhol dhan leabaidh tràth cuideachd – bidh mise a' dol innte aig ochd uairean feasgar. Tha e doirbh sin a dhèanamh as t-samhradh, bhon a tha na h-oidhcheannan cho soilleir. Cuideachd, ma thèid dad ceàrr air a' phrògram, chan urrainn dhut càil a dhèanamh mu dheidhinn bhon a tha e a' dol a-mach beò.

Neach-naidheachd: Tha fhios gun do thachair rud no dhà èibhinn dhut nuair a bhiodh tu a' craoladh beò air an rèidio?

Seumas: Thachair iomadh rud. Aon turas, bha droch naidheachd agam ri innse agus ge b' e dè bha ceàrr orm, cha b' urrainn dhomh sgur a ghàireachdainn. Tha cuimhn' agam gun do chuir mo mhàthair fios thugam an dèidh làimhe, agus cha robh i idir air a dòigh. Nam bithinn nam DJ air Radio a h-Aon, cha bhiodh mo mhàthair ag èisteachd!

Neach-naidheachd: An robh thu riamh ag iarraidh a bhith ag obair mar chraoladair?

Seumas: Cha robh idir. Bha mi cho diùid agus socair an toiseach ach a-nis tha mi cofhurtail anns an obair. Cha do smaoinich mi idir air nuair a bha mi san sgoil. Bha mi airson a bhith nam fhear-lagha! Ach, chan iarrainn a bhith ag obair air an TBh idir – 's e an rèidio as fheàrr leam! Faodaidh mi aodach sam bith a chur orm!

Neach-naidheachd: Tapadh leat airson an fhiosrachaidh. Tha e math coinneachadh ris an duine fhèin. Tha mi air do ghuth a chluinntinn cho tric!

Seumas: 'S e do bheatha. Cha do thuig mi riamh gum biodh ùidh aig daoine annamsa!

Measadh Leughaidh (stèidhichte air An t-Àm airson nan Naidheachdan)

Leugh an earrann a nochd ann am pàipear-naidheachd an t-seachdain sa chaidh agus freagair na ceistean a leanas:

Tilleadh dhachaigh

Bha ùpraid ann am meadhan baile Inbhir Nis a-raoir nuair a thàinig an còmhlan-ciùil, Real Thing, dhan bhaile. Thàinig an còmhlan, a tha aig àireamh a h-aon sa phrìomh fhichead an-dràsta leis an òran, Cookin', a chluich ann an Taigh-cluiche Eden Court agus chruinnich mìltean de dhaoine òga sa bhaile airson sealladh fhaighinn dhe na balaich agus fàilte mhòr, chridheil a chur orra.

Tha ceangal aig fear dhiubh, Daibhidh Mac a' Ghobhainn ri Inbhir Nis. Rugadh agus thogadh a mhàthair an sin ged a chaidh an seinneadair ainmeil a thogail ann an Sasainn. Bha a sheanmhair, Màiri NicLeòid, a tha seachdad 's a trì bliadhna a dh'aois, gu math moiteil a' feitheamh còmhla ri càch airson a h-ogha fhaicinn. Nuair a thàinig na balaich a-mach às a' char mhòr gheal a thog iad aig a' phort-adhair, bha coltas gu math snasail orra, mar as àbhaist. Bha deiseachan liath, lèintean geala agus taidhean gleansach orra uile agus bha tòrr dhen luchd-leantail air an sgeadachadh san aon stoidhle.

Bhruidhinn na balaich ri cuid dhe na daoine a bha air a bhith a' feitheamh greis, agus abair gun robh muinntir a' bhaile toilichte gun do stad Real Thing a chòmhradh riutha. Bha taigh-cluiche Eden Court loma-làn agus a' cur thairis nuair a nochd na balaich air an àrd-ùrlar. Chaidh moladh mòr a dhèanamh air Daibhidh Mac a' Ghobhainn nuair a sheinn e na h-òrain as ainmeile aca agus thuir tòrr dhaoine nach robh consairt a-riamh cho math ann an Eden Court. Bha an sluagh air an casan a' seinn agus a' dannsa còmhla riutha fad dà uair a thìde agus bha guth mòr Mhic a' Ghobhainn a' còrdadh riutha gu mòr.

Tha e coltach gun robh na balaich a' fuireach ann an taigh-òsta spaideil faisg air làimh ach thuir Daibhidh Mac a' Ghobhainn ri luchd-naidheachd an dèidh làimhe gum b' fheàrr leis fichead uair a bhith a' fuireach ann an taigh a sheanmhar agus gun dèanadh i bracaist mhòr dha le hama, ugh agus am biadh as fheàrr leis air an t-saoghal, marag dhubh Steòrnabhaigh!

Fàgaidh an còmhlan am baile an-diugh an dèidh dhaibh tadhal air Ionad-bùtha Eastgate far an tèid an clàr ùr aca, Soul Searching, a chur air bhog. Thuir neach-labhairt bho Eden Court gun robh iad air leth riarichte leis mar a chaidh an oidhche agus gun robh iad an dòchas barrachd chòmhlain mar Real Thing a thàladh dhan bhaile. Deagh naidheachd do luchd-leantail ciùil air a' Ghàidhealtachd a tha air a bhith a' gearain airson iomadh bliadhna nach tig na còmhlain mhòra cho fada tuath.

Earrann A

1. Cuin a thàinig an còmhlan ainmeil dhan bhaile?
 - (a) an-diugh
 - (b) a-raoir
 - (c) a' bhòn-dè
2. Càit a bheil òran a' chòmhlain sa phrìomh fhichead an-dràsta?
 - (a) àireamh a h-aon
 - (b) àireamh a dhà
 - (c) àireamh a fichead
3. Cia mheud duine a bha air cruinneachadh sa bhaile airson an còmhlan fhaicinn?
 - (a) Nochd duine no dithis.
 - (b) Bha mu cheud duine ann.
 - (c) Bha na mìltean de dhaoine ann.
4. Dè an ceangal a th' aig Daibhidh Mac a' Ghobhainn ri Inbhir Nis?
 - (a) Rugadh agus thogadh e ann.
 - (b) Rugadh agus thogadh a mhàthair ann.
 - (c) Tha e a' fuireach sa bhaile fad an t-siubhail.
5. Ciamar a tha an còmhlan air a sgeadachadh mar as trice?
 - (a) Tha iad gu math robach agus mì-sgiobalta.
 - (b) Tha aodach snasail orra an-còmhnaidh.
 - (c) Tha aodach neònach agus maise-ghnùis orra.
6. Dè cho làn agus a bha Taigh-cluiche Eden Court?
 - (a) Bha sluagh math ann.
 - (b) Cha do nochd mòran dhaoine idir.
 - (c) Bha e a' cur thairis le daoine.
7. Dè cho fad 's a bha an còmhlan air an àrd-ùrlar?
 - (a) uair a thìde gu leth
 - (b) dà uair a thìde
 - (c) dà uair a thìde gu leth

8. Dè am biadh as fheàrr le Daibhidh Mac a'Ghobhainn?
- (a) marag dhubh
 - (b) sgadan sailte
 - (c) guga
9. Dè nì na balaich ann an Ionad-bùtha Eastgate an-diugh?
- (a) Tha consairt eile gu bhith aca.
 - (b) Cuiridh iad clàr ùr air bhog.
 - (c) Tha aca ri aodach ùr a cheannach.
10. Dè an gearan a tha air a bhith aig luchd-leantail ciùil air a' Ghàidhealtachd bho chionn bhliadhnaichean?
- (a) Nach eil ceòl an latha an-diugh cho math 's a bha e.
 - (b) Nach eil còmhlain ro dheònach consairtean a chur air dòigh air a' Ghàidhealtachd.
 - (c) Gu bheil prìs nan tiogaidean ro àrd.

Earrann B

1. Seall air na faclan gu h-ìseal a nochd san earrainn. Ceangail facal ann an Colbh A ri ciall ann an Colbh B.

	Colbh A	Colbh B
a.	ùpraid	an t-aodach a tha air cuideigin
b.	ogha	toilichte
c.	sgeadachadh	daoine a tha measail air rud/duine eile
d.	moiteil	fuaim
e.	luchd-leantail	pròiseil
f.	riaraichte	mac/nighean do phàiste

2. Dèan seantans ùr a' cleachdadh gach facal.
Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut:
Bha Màiri air a sgeadachadh gu brèagha air là na bainnse.

Earrann C

Bruidhinn ri do charaid mu na còmhlain/prògraman TBh/filmichean as fheàrr leat.

Sgrìobh ceistean ro-làimh airson a chur air do charaid mu phrògram TBh no film no còmhlan.

Earrann D

Sgrìobh pìos airson pàipear-naidheachd a tha a' toirt iomradh air consairt no film no prògram TBh a chunnaic thu o chionn ghoirid.

Dè an t-ainm a bh' air a' chòmhlan/an fhilm/a' phrògram?

An do chòrd e riut?

Dè chòrd/nach do chòrd riut mu dheidhinn?

An robh rud sònraichte mu dheidhinn a dh'fhanas nad chuimhne?

Ciamar a chòrd e ri daoine eile a bha ann?

Am moladh tu e do dhaoine eile?

Carson?

Measadh Èisteachd

Èist ris an earrainn. (Earrann 3) Freagair na ceistean.

Earrann 3

Naidheachdan Rèidio na Gàidhlig

Tha e aon uair deug agus seo agad na naidheachdan air Rèidio na Gàidhlig le Catrìona Nic an Tòisich.

Tha aithisgean a' tighinn a-staigh an-dràsta mu chrith-thalmhainn ann an Taiwan. Tha e coltach gun deach mòran a mharbhadh agus gun deach sgrìos a dhèanamh air grunnan bhailtean. Gheibhear tuilleadh air a' phìos seo air-loidhne no air ar prògram naidheachd aig cairteal gu uair.

Tha a' Bhanrigh air a bhith air chuairt ann an Alba air an t-seachdain seo agus an-diugh thadhail i air na h-eileanan ann an Earra-Ghàidheal. Ghabh i cuairt timcheall air Ionad Cholm Chille Ìle agus an uair sin, chaidh i a Thiriodh far an do choimhead i air farpais spòrs-uisge. Thathar a' tuigsinn gun tèid i a Leòdhas a-màireach far an coinnich i ri muinntir an àite. An uair sin, thèid i a Bhaile Moireil ann an Siorrachd Obar Dheathain far an cuir i seachad mìos còmhla ris an teaghlach.

Chaidh teaghlach às a' Ghearmailt a leòn nuair a bhuail an càr aca ann an làraidh faisg air Geàrrloch tràth madainn an-diugh. Chaidh an duine agus a bhean, agus an dithis chloinne a thoirt dhan ospadal ann an Inbhir Nis. Chaidh an dithis chloinne a chumail san ospadal agus tha e coltach gun deach an sadail a-mach às a' chàr. Thuirt fear-labhairt bhon ospadal an-diugh nach robh a' chlann air an droch leòn. Thuirt neach-labhairt bhon phoileas gun robh tubaistean mar seo gu math cumanta aig an àm seo dhen bhliadhna agus gun robh an teaghlach gu math fortanach. Cha robh dràibhear na làraidh air a ghoirteachadh idir ged a chaidh an làraidh far an rathaid.

Chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh fhosgladh gu h-oifigeil an-diugh leis a' Phrìomh Mhinistear. Thuirt Ceannard na Sgoile gun robh i air leth toilichte leis na goireasan a bha san sgoil agus gun dèanadh an sgoil ùr feum do dh'fhoghlam san Eilean Sgitheanach. Thèid Acadamaidh ùr Inbhir Pheofharain fhosgladh a-màireach agus bidh fàilte chridheil ann do sheann sgoilearan a tha airson a bhith an làthair aig an fhosgladh aig meadhan-latha.

Spòrs a-nise agus cluichidh Alba an aghaidh Braisil a-nochd anns an iar-chuairt dheireannaich de Chupa na Cruinne anns an Spàinn. Tha sgioba na h-Alba air a bhith a' dèanamh fìor mhath san fharpais chun a seo agus dòchas ann gun glèidh iad an cupa fhathast. Tha mìltean de luchd-leantail na h-Alba ann am Madrid an-dràsta agus tha sluagh a' cruinneachadh ann an Glaschu airson an gèam fhaicinn air sgrion mhòr ann am meadhan a' bhaile. Gura math a thèid leotha, gu dearbh.

Sùil bheag air an t-sìde. Blàth, ciùin agus tioram a-rithist air feadh na dùthcha an-diugh ged a tha dùil ri droch shìde ro dheireadh na seachdain. Sin agaibh e bhuanne an-dràsta. Bidh sinn air ais le tuilleadh naidheachdan aig cairteal gu uair. Bhuamsa, Catrìona Nic an Tòisich, mar sin leibh!

Measadh Èisteachd

Naidheachdan Rèidio na Gàidhlig

Ceistean (le roghainn)

Èist ri **Earrann 3** dà thuras agus freagair na ceistean a leanas:

1. Dè an uair a tha e?
 - (a) aon uair deug
 - (b) dà uair dheug
 - (c) uair
2. Dè thachair ann an Taiwan?
 - (a) tubaist rèile
 - (b) teine mòr
 - (c) crith-thalmhainn
3. Càit an do thadhail a' Bhanrigh madainn an-diugh?
 - (a) Muile agus Ìle
 - (b) Ìle agus Tiriodh
 - (c) Tiriodh agus Muile
4. Dè cho fad 's a bhios i air saor-làithean an dèidh seo?
 - (a) cola-deug
 - (b) mìos
 - (c) seachdain
5. Cò às a bha an teaghlach a chaidh a ghoirteachadh san tubaist rathaid?
 - (a) à Geàrrloch
 - (b) à Inbhir Nis
 - (c) às a' Ghearmailt
6. Dè thuirt fear-labhairt bhon ospadal?
 - (a) nach robh an dithis chloinne air an droch leòn
 - (b) nach robh an dithis chloinne air an goirteachadh idir
 - (c) gun robh an dithis chloinne air an droch leòn

7. Cò dh'fhosgail Àrd-sgoil ùr Phort Rìgh?
 - (a) am Prìomh Mhinistear
 - (b) am Prìomhaire
 - (c) Ceannard na Sgoile

8. Cuin a thèid Acadamaidh ùr Inbhir Pheofharain fhosgladh?
 - (a) an-diugh fhathast
 - (b) an-ath-sheachdain
 - (c) a-màireach

9. Dè an gèam a tha Alba a' cluich a-nochd ann an Cupa na Cruinne?
 - (a) a' chairteal chuairt dheireannach
 - (b) an iar-chuairt dheireannach
 - (c) a' chuairt dheireannach

10. Cò ris a bhios an t-sìde coltach ro dheireadh na seachdain?
 - (a) Bidh i blàth, ciùin agus tioram.
 - (b) Bidh deagh shìde ann.
 - (c) Bidh droch shìde ann.

Measadh Èisteachd

Naidheachdan Rèidio na Gàidhlig

Ceistean (gun roghainn)

Èist ris an earrainn (Earrann 3) dà thuras agus freagair na ceistean a leanas.

1. Dè an uair a tha e?
2. Dè thachair ann an Taiwan?
3. Càit an do thadhail a' Bhanrigh madainn an-diugh?
4. Dè cho fad 's a bhios i air saor-làithean an dèidh seo?
5. Cò às a bha an teaghlach a chaidh a ghoirteachadh san tubaist rathaid?
6. Dè thuirt fear-labhairt bhon ospadal?
7. Cò dh'fhosgail Àrd-sgoil ùr Phort Rìgh?
8. Cuin a thèid Acadamaidh ùr Inbhir Pheofharain fhosgladh?
9. Dè an gèam a tha Alba a' cluich a-nochd ann an Cupa na Cruinne?
10. Cò ris a bhios an t-sìde coltach ro dheireadh na seachdain?

Freagairtean

Eacarsaich 1a

Labhairt

Deasbad clas:

Bu chòir dhan tidsear a bhith a' coimhead airson freagairtean caran coltach ris na leanas:

1. **Na rudan a tha a' tachairt anns an t-saoghal bho latha gu latha a tha cudromach ann am beatha dhaoine.**
2. **Air an rèidio, prògraman air an TBh, air an eadar-lìon, ann am pàipear-naidheachd, a' bruidhinn ri cuideigin eile.**
3. **Ten o'clock News, Six o'clock News, Channel 4 News, Newsnight, GMTV, BBC Breakfast, News 24, Sky News, Newsround, An Là, Aithris na Maidne, The Herald, Daily Record, Evening Times, Stornoway Gazette, Oban Times, Northern Star, The Scotsman. West Highland Free Press agus masa.**
4. **Poilitigs, Spòrs, Cogaidhean, Ceannairceas, Eucoir, An t-Sìde, Tubaistean, fios mu dhaoine ainmeil.**
5. **Bidh na rudan as cudromaiche aig an toiseach – prìomh naidheachdan agus cinn naidheachd a chanar riutha. Seo pìosan naidheachd cudromach air a bheil a h-uile duine ag iarraidh fios.**
6. **Tha sgeulachdan aotrom a' nochdadh aig deireadh prògram airson an rud a dhèanamh beagan nas aotruime. – gus am bi daoine deònach sùil a thoirt air a' phrògram a-rithist.**

Eacarsaich 1b

1.	Naidheachdan ionadail	Rudan a tha a' tachairt ann an sgìrean sònraichte. Chan eil mòran ùidh aig daoine bhon taobh a-muigh anns an fhiosrachadh.
2.	Naidheachdan nàiseanta	Fiosrachadh mu na tha a' tachairt ann an dùthaich. Tha am fiosrachadh seo inntinneach agus cudromach dha na daoine a tha a' fuireach anns an dùthaich sin.
3.	Naidheachdan eadar-nàiseanta	Fiosrachadh a tha a' tighinn bho air feadh an t-saoghail. Bidh ùidh aig daoine bho air feadh an t-saoghail anns an fhiosrachadh seo.

Eacarsaich 1c

- a. Bun-sgoil a' bhaile a' dùnadh
 - 1. Naidheachdan ionadail

- b. Pàrlamaid na h-Alba a' deasbad foghlam na h-Alba
 - 2. Naidheachdan nàiseanta

- c. Cù air chall ann am Port Rìgh
 - 1. Naidheachan ionadail

- d. Ceann-suidhe ùr aig na Stàitean Aonaichte
 - 3. Naidheachdan eadar-nàiseanta

- e. Barrachd luchd-turais ann an Alba am-bliadhna
 - 2. Naidheachdan nàiseanta

- f. Àrdachadh ann an àireamhan luchd-turais ann an Ìle
 - 1. Naidheachan ionadail

- g. Ospadal, mòr ùr a' fosgladh ann an Glaschu
 - 2. Naidheachdan nàiseanta

- h. Crìonadh ann an eaconamaidh an t-saoghail
 - 3. Naidheachdan eadar-nàiseanta

- i. Coinneamh aig ceannardan dùthchannan an t-saoghail ann am Paris
 - 3. Naidheachdan eadar-nàiseanta

Eacarsaich 2b

Tha na seantansan gu h-ìseal ceart:

1, 3, 5, 7, 10

Eacarsaich 2d

FREAGAIRTEAN

P	R	Ì	O	M	H	-	M	H	I	N	I	S	T	E	A	R
P	R	O	O	T	S	D	G	L	N	T	L	O	A	C	H	P
H	R	Ì	B	N	M	F	E	U	M	E	U	B	N	À	L	O
L	R	I	O	C	U	E	S	A	C	O	G	A	D	H	N	I
Ò	B	M	L	M	D	I	O	P	N	A	S	R	T	N	M	L
I	R	P	N	S	H	A	I	R	A	A	E	T	H	I	N	I
S	I	R	T	U	B	A	I	S	T	E	T	N	D	H	T	T
L	A	R	B	E	R	T	I	R	H	A	C	B	N	I	I	I
P	E	T	U	I	N	R	A	R	A	A	S	B	L	I	A	G
S	N	O	Ì	B	N	H	T	I	E	F	R	E	U	S	G	S
I	B	À	I	G	C	E	A	N	N	-	S	U	I	D	H	E
A	G	H	R	A	R	A	N	N	-	S	P	L	L	Ò	I	L
R	L	A	T	R	D	G	H	E	E	M	Ò	A	Ì	O	M	I
H	S	-	S	R	T	Ì	P	L	T	E	R	S	R	À	T	O
T	-	L	-	O	I	O	N	M	H	A	S	-	G	H	R	P
A	F	H	L	O	I	A	S	C	H	R	H	M	L	A	S	R
C	E	A	N	N	A	I	R	C	E	A	S	M	E	-	S	A

Eacarsaich 3d

1. (b) dithis
2. (c) Tha i na rùnaire.
3. (b) uair a thìde gu leth

4. (a) Bha reothadh agus sneachda ann.
5. (c) Cha robh dùil aca a dhol cho fada suas.
6. (b) Feumaidh uidheamachd cheart a bhith agad airson a dhol a shreap.

Eacarsaich 5a

1. 'S e neach-naidheachd a th' ann.
2. Cha toigh leis a bhith ag èirigh cho tràth sa mhadainn.
3. Is toigh leis a bhith a' bruidhinn ri daoine, agus tha ùidh aige anns na naidheachdan. Tha e a' còrdadh ris a bhith a' bruidhinn air an rèidio.
4. Ag ithe bracaist, a dràibheadh a dh'obair, a' ruith no a' sgioblachadh an taighe.

Eacarsaich 5b

	COLBH A	COLBH B
a.	a' libhrigeadh	a' toirt seachad
b.	annasach	neònach
c.	air mo chlaoidh	gu math sgìth
d.	feumaidh mi aideachadh	ag innse na firinn
e.	Tha ùidh agam ann...	Is toigh leam...
f.	craoladair	cuideigin a tha ag obair air TBh no rèidio


Eacarsaich 7b

1. (b) a' dèanamh glè mhath
2. (c) glè fhada air falbh
3. (a) chaidh sgaradh a dhèanamh
4. (a) fear a sheasas airson taghadh-pàrlamaid
5. (c) air leth làidir

Eacarsaich 7c

1. Cha robh ceann-suidhe dubh riamh air na Stàitean Aonaichte ro Barack Obama.
3. Chaidh e a dh'fhuireach a dh'Indonisia nuair a bha e beag.
4. An dèidh a bhith san oilthigh, chaidh e a Chicago a dh'obair còmhla ri daoine bochda.
6. Ghabh daoine iongnadh nuair a bhuannaich Obama an aghaidh Hillary Clinton.
8. A rèir an sgrìobhadair, chan eil dùthaich eile air an t-saoghal cho làidir ris na Stàitean Aonaichte.

Eacarsaich 9a



Measadh Leughaidh

Earrann A

1. (b) a-raoir
2. (a) àireamh a h-aon
3. (c) Bha na mìltean de dhaoine ann.
4. (b) Rugadh agus thogadh a mhàthair ann.
5. (b) Tha aodach snasail orra an-còmhnaidh.
6. (c) Bha e a' cur thairis le daoine.
7. (b) dà uair a thìde
8. (a) marag dhubh
9. (b) Cuiridh iad clàr ùr air bhog.
10. (b) Nach eil còmhlain ro dheònach consairtean a chur air dòigh air a' Ghàidhealtachd.

	Colbh A	Colbh B
a.	ùpraid	fuaim
b.	ogha	mac/nighean do phàiste
c.	sgeadachadh	an t-aodach a tha air cuideigin
d.	moiteil	pròiseil
e.	luchd-leantail	daoine a tha measail air rud/duine eile
f.	riaraichte	toilichte

Measadh Èisteachd

Naidheachdan Rèidio na Gàidhlig

1. (a) aon uair deug
2. (c) crith-thalmhainn
3. (b) Ìle agus Tiriodh.
4. (b) mìos
5. (c) às a' Ghearmailt
6. (a) nach robh an dithis chloinne air an droch leòn
7. (a) am Prìomh Mhinistear
8. (c) a-màireach
9. (b) an iar-chuairt dheireannach
10. (c) Bidh droch shìde ann.